

Na BPA agad

A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan



Fiosrachadh a' Phobail



parliament.scot/live-chat



0800 092 7500 or 0131 348 5000
0131 348 5395 (Gàidhlig)
contactSCOTLAND-BSL



gaidhlig@parliament.scot



Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann, EH99 1SP



parliament.scot/contact



Ma dh'fheumas tu fiosrachadh ann an cruth no cànan eile, cuir fios thugainn.

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an fhiosrachaidh agad, faic www.parliament.scot/dataprotection

Na BPA agad

Tha Pàrlamaid na h-Alba air dèanamh suas de **129 Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA)**, a tha air an taghadh le sluagh na h-Alba gus an riochdachadh.

Bidh BPA ag obair às do leth agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean air raon farsaing de chùisean, nam measg, foghlam, an àrainneachd, slàinte, taigheadas, ceartas catharra is eucoireach, agus còmh-dhail.

Is urrainn dhut fios a chur gu na BPA agad, fiù 's ged nach do bhòt thu air an son.

Ma dh'iarras tu cuideachadh air/oirre, faodaidh tu sùileachadh gun gabh BPA do chùis os làimh no gum mìnich e/i dhut carson nach gabh e/i os làimh e. Gidheadh, tha e an urra ris a' BPA co-dhùnadh ciamar a dhèiligeas e/i ri iarrtas no ceist.



Cleachd inneal-luirg nan còdan-puist air an làrach-lìn againn aig parliament.scot/msps no cuir fios gu **Fiosrachadh a' Phobail** gus fios fhaighinn air cò na BPA agad agus ciamar a chuireas tu fios thuca.



Dè a bhios na BPA agam a' dèanamh

- **Diluain agus Dihaoine:** Is àbhaist do BPA obair anns an sgìre ionadail aca.
- **Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin:** Is àbhaist gu bheil BPA sa Phàrlamaid oir bidh deasbadan agus coinneamhan comataidh air an cumail air na làithean sin.

Dh'fhaodadh BPA freastal-lannan a chumail, bruidhinn aig coinneamhan, no a bhith a' frithealadh thachartasan air an fheasgar agus aig an deireadh-seachdain.

Tha cuid de BPA nan Rùnairean Caibineit no nam Ministearan ann an Riaghaltas na h-Alba, le dleastanas orra airson raon àraidh de phoileasaidh leithid slàinte no ceartais. Mas e Rùnaire Caibineit no Ministear a th' ann am fear de na BPA ionadail agad, is urrainn dhut fios a chur thuca fhathast airson cuideachadh no comhairle a thaobh cùis sam bith a tha fo uallach Pàrlamaid na h-Alba.



Cò thuca a chuireas mi fios?

Ma tha thu a' fuireach ann an Alba, tha thu air do riochdachadh le **ochdnar** BPA – **aonan** airson na sgìre pàrlamaidich agad agus **seachdnar** airson na roinne pàrlamaidich nas motha anns a bheil i.

Tha na h-aon chumhachdan aig BPA nan sgìrean agus nan roinnean gus do riochdachadh, agus tha saorsa agad fios a chur gu gin den ochdnar BPA agad. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh tu roghnachadh fios a chur gu BPA air sgàth 's gu bheil buntanas aige/aice ri pàrtaidh àraidh no air sgàth 's gur aithne dhut gu bheil ùidh aige/aice sa chuspair mu bheil thu ag iarraidh bruidhinn.


Ciamar a gheibh mi barrachd fios air na BPA agam?

- Tha earrann do gach BPA air an làrach-lìn againn. Tha seo a' gabhail a-steach fiosrachadh fèin-eachdraidheil agus an eachdraidh bhòtaidh as ùire.
- Thèid na their BPA san t-Seòmar agus ann an coinneamhan nan comataidhean fhoillseachadh san Aithisg Oifigeil, a tha ri fhaotainn air an làrach-lìn againn. Is urrainn dhut coimhead air bhideothan de choinneamhan air www.scottishparliament.tv agus air YouTube.
- Gu tric bidh BPA a' cur cuairt-litrichean ri chèile mun obair aca sa Phàrlamaid. Cuir brath gu oifisean nam BPA airson tuilleadh fiosrachaidh.
- Tha an làraichean-lìn agus cunntasan nam meadhanan sòisealta fhèin aig mòran BPA le fiosrachadh mu dè bha iad ris agus fiosrachadh mu fhreastal-lannan.
- Tadhair air Pàrlamaid na h-Alba gus sealltainn air na BPA agad ri an obair. Fòn gu Seirbhisean Luchd-tadhail air **0800 092 7600 / 0131 348 5200** no cuir post-d gu visit@parliament.scot gus tiogaidean a ghlaidheadh.

Is urrainn dhut post-d a chur gu gin den ochdnar BPA agad a' cleachdadh a' chruth choitchinn:
ciadainm.sloinneadh.bpa@parliament.scot



A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan: BPA nan sgìrean-pàrlamaid



Tha am mapa seo air ath-riochdachadh bho stuth an t-Suirbhìdh Òrdanais le cead bhon t-Suirbhìdh Òrdanais. © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin. Na còraichean uile glèidhte.

- Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba
- Na Tòraidhean
- Na Làbaraich
- Na h-Uainich
- Na Libearalaich Dheamocratach

A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan: BPA nan roinnean-pàrlamaid

- Eideard Mountain BPA
- Rhoda Ghrannnd BPA
- Dòmhnall Camshron BPA
- Jamie Halcro Johnston BPA
- Iain Ó Finnaí (Finnie) BPA
- Maree Todd BPA
- Dàibhidh Stiùbhart BPA

Tha BPA roinneil a' nochdadh anns an òrdugh anns an deach a thaghadh bhon liosta roinneil.

